

PASGAN-OBACH:NA LOCHLANNAICH



RÙINTEAN

'S e aibidil Lochlannach a bh' anns an aibidil rùnach, dìreach mar a tha an aibidil againne a' dol 'a, b, c, d...' Tha cuid de dhaoine a' coimhead air na rùintean mar rud spioradail, agus bha na Lochlannaich fhèin a' coimhead orra mar sin gu ìre.



CLÀR-SGRÌOBHAIDH CÈIRE

Mar a chì sibh, tha a' chèir car bog, 's mar sin bha e comasach pìos maide no 'peann' a chleachdadh airson sgrìobhadh air, agus an uair sin a shuathadh airson tuilleadh a sgrìobhadh air. Chan eil sinn airson toirt a chreidsinn gun robh na Lochlannaich buileach a' dol dhan sgoil mar a bhios sinne, ach bhiodh iad ag ionnsachadh sgrìobhadh air innealan mar seo.



CÒRN

'S e cnàimh a th' ann an adharc agus mar sin, anns a' mheadhan tha structairean a tha ga cumail làidir, agus cuideachd smior, a tha a' cruthachadh cheallan fala dearga. Mus gabhadh a cleachdadh mar chòrn, dh'fheumadh i a bhith air a bogadh ann an uisge goileach airson còrr is 6 uairean a thide gus am fàsadh i bog sa mheadhan. An uair sin bha e comasach am meadhan a sgrìobadh a-mach 's a ghlanadh. Às dèidh beagan liomhaidh, bha i deiseil airson a' bhùird!



CLOGAD

Tha e follaiseach gun robh na clogadan air an cleachdadh ann an sabaid agus cogadh. An-diugh, choimheadadh sinn orra mar nàdar de chlogad-baidhsagail airson do cheann a chumail sàbhailte. Gu fortanach bha na clogadan Lochlannach air an dèanamh le meatailt, oir b' e an cunnart a bh' ann gun tigeadh ionnsaigh le claidhheamh. Obh obh!



FIR-TÀILEISG LEÒDHAIS

Tha fir-tàileisg Leòdhais air feadhainn de na fianaisean eachdraidh as inntinniche agus as cudromaiche bho linn nan Lochlannach. Ann an 1831, air cladach ann an sgìre Ùige ann an Leòdhas, chaidh 78 fir-tàileisg a lorg. Tha iad air an snaigheadh à ìbhri ròin agus tha a' chuid as motha dhiubh air an cumail ann an Taigh-tasgaidh Bhreatainn ann an Lunnainn.



BRÀISTE

Bha bràiste airson pìosan aodaich a chumail ri chèile. Mar eisimpleir, chumadh a dhà dhiubh suas na strapaichean air pionafor. Ciamar a tha arc-eòlaichean a' dèanamh a-mach rudan mar sin? Uill, lorg iad cnàmhan bana-Lochlannaich agus ged a bha an t-aodach aice air grodadh, bha an dà bhràiste air am fàgail far an robh iad, gu h-àrd air an dà thaobh dhen chliabh.



SPÀINTEAN ADHAIRCE

Bha na spàintean seo air an dèanamh bho adhaircean bheathaichean.



BUINN-AIRGID

Seo agad measgachadh de dh'airgead Lochlannach. Tha rudan mar seo a' sealltainn cho adhartach 's a bha iad, a dh'aindeoin 's gu bheil cuid de dhaoine a' smaoinichadh orra mar dhaoine fiadhaich, borb. Chì sibh dealbhan a' buntainn ris na Lochlannaich air na buinn.



FEADAG ADHAIRCE

Bhiodh cuid de dh'fheadagan air an dèanamh le cnàmhan coise geòidh. Bhiodh iad air an cleachdadh gu tric mar dhèideagan cloinne. 'S e nàdar de ionnsramaidean-ciùil a bh' ann.




FORCAICHEAN 'S SGEINEAN

Tha na forcaichean 's na sgeinean a bha na Lochlannaich a' cleachdadh gu ìre a' sealltainn cho adhartach 's a bha iad. 'S dòcha nach biodh a h-uile neach gan cleachdadh, ach bhiodh feadhainn dhiubh. Smaoinich air na h-adhbharan airson gu bheil e math forcaichean, sgeinean agus spàintean a chleachdadh a thaobh slàinteachas-bìdh.



AODACH LOCHLANNACH

Bha aodach Lochlannach gu math sìmplidh an taca ris an t-seòrsa aodaich a th' oirne, ach bha e air a dheagh dhèanamh agus blàth. Dè cho math 's a bhiodh an t-aodach as blàithe againne ann an Innis Tìle? Bhaan t-aodach air a dhèanamh le clòimh no lion. Mar a shaoileadh tu, bha diofar ann am beairteas nan Lochlannach, 's mar sin bhiodh e follaiseach bho luach an aodaich, nam prìnichean agus nam bràistean dè cho beairteach no cho urramach 's a bha Lochlannach.



CLACH-RÙIN

Timcheall air oir an deilbh air a' chloich seo tha litrichean rùnach, ged a tha iad gu math beag. 'S e samhla beag biodach de chloich mhòir a tha seo. Smaoinich air aon chloich bho Thursachan Chalanais ann an Leòdhas, Clach MhicLeòid sna Hearadh no a' Chlach ann am Poll a' Charra an Uibhist a Deas. Cha bhiodh ach aon chlach-rùin ann an àite, 's i 2-3 meatair a dh'àirde agus meatair a leud. Bha na clachan-rùin mar as trice air an cleachdadh mar chlachan-cinn, 's bhiodh ainm an teaghlach sgrìobhte orra gu tric. Tha feadhainn ann cho aosta ris an 4mh linn.



BOTAL LEATHAIR

Seo an seòrsa botail a bhiodh na Lochlannaich a' cleachdadh, seach an seòrsa plastaig a bhios sinne a' cleachdadh an-diugh. Tha e air a dhèanamh le leathar, snàthad agus sreang agus air a lìnigeadh le cèir airson a dhèanamh dìonach.



THOR

Bha cuid de Lochlannaich a' creidsinn ann an iomadh dia; b' e Thor fear dhen fheadhainn a b' ainmeile dhiubh. Bha Thor a' cleachdadh òrd uabhasach làidir agus bha e air a riochdachadh le tàirneanaich, dealanaich, stoirmean, craobhan-daraich, neart, slànachadh agus torrachas ... is eile. Nach e bha trang!